

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/05/24

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 29 Cèitean 2024

Tìotal Aithisge: Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig agus Plana na Gàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 'S e prìomh adhbhar na h-aithisg seo fiosrachadh a thoirt do bhuill thaghte mu Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig aig VisitScotland agus dreachd Plana Turasachd Sheasmhach Chomhairle na Gàidhealtachd a chaidh aontachadh le Comataidh an Eaconamaidh agus a' Bhun-structair air 4 Cèitean 2024 airson co-chomhairleachadh.
- Bheir riochdairean bho VisitScotland taisbeanadh seachad mu Phlana-gnìomha Turasachd na Gàidhlig aig VisitScotland.

### 2. Molaidhean

- Thathar ag iarraidh air Buill:
  - beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

### 3. Buaidhean

- Goireas  
Cha bhi goireasan a bharrachd ann.
- Laghail  
Chan eil buaidhean laghail ann aig an àm seo.
- Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean)  
Tha deagh bhuaidh aig turasachd cultarach Gàidhlig gu h-àraid ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach.
- Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach  
Tha àireamh fìor àrd sa cheud de na stuthan sanasachd air an dealbh, air an leasachadh, agus air an dèanamh air-loidhne.

### 3.5 Cunnart

Tha Plana na Gàidhlig ag aithneachadh cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig agus turasachd cultarach, ach tha a' Chomhairle air a cuingealachadh a thaobh goireasan agus thathar a' cur maoin eachadh ri rudan a rèir prìomhachais.

### 3.6 Gàidhlig

Tha Plana Gàidhlig ùraichte aig Comhairle na Gàidhealtachd a tha a' gabhail ealla dhan Ghàidhlig agus do chultar seach gu bheil seo riatanach a thaobh a bhith a' cumail suas, a' toirt taic, agus a' leasachadh Gàidhlig agus cultar air feadh na Gàidhealtachd.

## 4 A' Ghàidhlig agus Turasachd Chultarach ann an Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd

4.1 Thathar dhen bheachd gur e so-mhaoin eaconamach agus sòisealta a th' anns a' Ghàidhlig agus a cultair co-cheangailte anns a' Ghàidhealtachd. Ann an co-bhann le lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus com-pàirtichean eile, choimiseanaich Comhairle na Gàidhealtachd aithisg neo-eisimeileach a bha a' rannsachadh buaidh na Gàidhlig air gnothachasan agus iomairtean sòisealta. B' e an t-adhbhar fiosrachadh a chruinneachadh mu ghnìomhachd eaconamach agus dealas a' buntainn ris a' Ghàidhlig, airson dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh cho math 's a ghabhas aig coimhearsnachd na Gàidhlig nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean san àm ri teachd. Bha an aithisg ag innse:

- gun robh 60% de na gnothachasan san t-suirbhidh a' faireachdainn gun robh an cuid cleachdadh dhen Ghàidhlig a' cur ri luach a' chànain taobh a-staigh na coimhearsnachd; agus
- gur e so-mhaoin a th' ann an Gàidhlig agus cultar, gu h-àraid nuair a thathar gan cleachdadh gus na gnìomhachasan cruthachail, turasachd, biadh agus deoch a chur air adhart.

4.2 Tha a' Ghàidhealtachd a' tabhann beairteas de chothroman Gàidhlig agus turasachd cultarach a tha a' tàladh luchd-tadhail chun na sgìre. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt taic agus a' cur ri mòran dhiubh seo, a leithid Fèisean, tachartasan cultarail, am Mòd Nàiseanta Rìoghail, pròiseact an Stòir, taighean-tasgaidh ionadail, agus Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Bidh mòran gnothachasan neo-eisimeileach cuideachd a' cleachdadh na Gàidhlig mar phàirt bhrosnachail de na ro-innleachdan margaidheachd aca.

4.3 Tha Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' toirt seachad seirbheis eadar-theangachaidh agus ag obair còmhla ri Ainmean-Àite na h-Alba airson dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh nan cruthan cearta de na h-ainmean-àite Gàidhlig air soidhnichean rathaid, soidhnichean sràide agus soidhnichean fàilte gu bailtean. Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag obair thar seirbheisean agus le prìomh luchd-ùidhe eile. Tha follaiseachd na Gàidhlig a' cruthachadh brìgh a thaobh àite, a' brosnachadh eòlas cànanach is cultarach, a tha ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' lìbhrigeadh eòlas luchd-tadhail a tha fìor agus air am bi cuimhne aca.

## 5. Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig

5.1 Air 20 Gearran 2024 chaidh [Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig](#) a chur air bhog. Chaidh dòigh-obrach cho-obrachail a chleachdadh airson a bhith a' leasachadh na ro-innleachd agus chaidh buidheann-stiùiridh a chruthachadh, le Comhairle na Gàidhealtachd am measg nam ball. Tha an ro-innleachd a' toirt am follais gu bheil ùidh

a' fàs ann an cànan is cultar na Gàidhlig, an dà chuid bho luchd-tadhail san dùthaich seo agus gu eadar-nàiseanta. Tha seo a' cruthachadh chothroman airson turasachd agus airson gnothachasan a bhios a' cur thachartasan air dòigh air feadh na h-Alba. Eadar 2018 agus 2021 bha àrdachadh 72% ann an àireamh luchd-cleachdaidh [visitscotland.com](http://visitscotland.com) a bha a' tadhal air susbaint a' buntainn ris a' Ghàidhlig.

5.2 Tha an ro-innleachd a' mìneachadh còig prìomhachasan ro-innleachdail:

- aire a thogail mu chothroman gnìomhachais a' buntainn ri cothroman Gàidhlig
- taic a chur ri bhith a' cruthachadh eòlasan Gàidhlig tro sgilean agus trèanadh airson gnìomhachas na turasachd
- aire a thogail mun Ghàidhlig am measg luchd-tadhail agus cothroman a mheudachadh gus an cànan, cultar is dualchas a bhrosnachadh
- ceanglaichean a stèidheachadh eadar turasachd agus roinnean eile, a' comharrachadh chothroman airson co-obrachadh
- rannsachadh agus geur-bheachdan a leasachadh

5.3 Tha VisitScotland cuideachd air Plana-gnìomha Turasachd na Gàidhlig fhoillseachadh. 'S e sgrìobhainn obrachail a tha seo, a tha a' mìneachadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus prìomhachasan ro-innleachdail Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig a choileanadh.

5.4 Tha ùghdarrasan ionadail air an liostadh taobh a-staigh a' Phlana-ghnìomha mar chom-pàirtichean stiùiridh no pàirteach airson nan gnìomhan a leanas:

- Leasaich co-òrdanachadh is conaltradh thar nam buidhnean poblach aig a bheil planaichean Gàidhlig.
- Brosnaich barrachd com-pàirteachaidh le Gàidhlig tro phrògraman maoinachaidh thabhartasan poblach.
- Tog aire mu chothroman Gàidhlig agus buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann do thurasachd, na gnìomhachasan cruthachail agus na roinnean bìdh is deoch le gnothachasan iomchaidh, buidhnean ceann-uidhe agus buidhnean coimhearsnachd.
- Comharraich soirbheachas, a' brosnachadh is a' taisbeanadh chùisean sgrùdaidh Gàidhlig thar bhuidhnean.
- Tog ìomhaigh Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig le com-pàirteachasan eaconamach roinneil, a' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig com-pàirtichean mu chothroman agus a' brosnachadh a bhith a' toirt na Gàidhlig an lùib phlanaichean eaconamach is turasachd roinneil.
- Dèan ath-sgrùdadh air prògraman gnìomhachais/coimhearsnachd com-pàirteach agus comharraich dòighean gus a' Ghàidhlig a dhaingneachadh ann an dòigh cho-rèireach.
- Thoir seachad, tro Sheirbheis na Slighe Gnothachais, comhairle gnothachais agus taic ionmhasail do phròiseactan a tha a' brosnachadh ath-bheòthachadh cultarach agus leasachadh Gàidhlig.
- Mìnich tairgse turasachd Gàidhlig na h-Alba, ag aontachadh shlatan-tomhais a thaobh eòlas Gàidhlig.
- Cruinnich agus co-roinn dàta agus fiosrachadh eile a thathar a' cur ri chèile am measg chom-pàirtichean m.e. suirbhidhean phanailean gnothachais.

## 6. Turasachd agus Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29

- 6.1 Tha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 cuideachd a' toirt seachad builean a' buntainn ri turasachd, a' gabhail a-steach gealltanais leantainn air adhart ag obair le VisitScotland agus buidhnean is fòraman turasachd ionadail, agus leantainn air adhart a' brosnachadh na Gàidhlig mar mheadhan airson a bhith a' tàladh turasachd agus a' neartachadh eòlas an neach-tadhail. Tha a bhith a' brosnachadh buannachdan eaconamach na Gàidhlig am measg roinn a' ghnòthachais cuideachd am measg nam builean.

## 7. Dreachd Ro-innleachd Turasachd Sheasmhach

- 7.1 Air 4 Cèitean 2024, chaidh dreachd Ro-innleachd Turasachd Sheasmhach na Comhairle aontachadh airson co-chomhairleachadh. 'S e adhbhar na ro-innleachd an raon farsaing ghnìomhan a tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh, airson taic a chur ri gnìomhachas turasachd seasmhach is fàs-mhor, a mhìneachadh is a cho-òrdanachadh. Tha e a' mìneachadh lèirsinn agus prìomhachasan na Comhairle airson roinn na turasachd anns a' Ghàidhealtachd agus bheir seo cumadh air an dòigh anns am bi a' Chomhairle a' tasgadh a cuid goireasan, a' gabhail a-steach sruthan teachd-a-steach san àm ri teachd, a leithid cìs an luchd-tadhail agus maoinachadh sam bith bhon taobh a-muigh a dh'fhaodas a bhith air a ghleidheadh.

Tha an dreachd ro-innleachd ag aithneachadh gu bheil dualchas cultarach àraid sa Ghàidhealtachd, a' gabhail a-steach cànan na Gàidhlig, gur e seo aon de na rudan a tha a' stiùireadh a' ghnìomhachais air adhart, agus gu bheil cothroman susbainteach an lùib a bhith a' toirt tuilleadh leasachaidh air eòlasan fìor do luchd-tadhail. Tha a' Ghàidhlig cuideachd air a h-aithneachadh mar aon de na gnìomhan air am bi a' Chomhairle ag amas agus tha an Sgioba Turasachd & Tasgadh A-steach an-dràsta a' stiùireadh leasachadh a thaobh dreachd Ro-innleachd Turasachd Sheasmhach. Tha an dreachd Ro-innleachd ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de chultar is de dhearbha-aithne na Gàidhealtachd, agus gun tèid beachdachadh air a seo bho shealladh turasachd. 'S e aon de na prìomhachasan san dreachd ro-innleachd: "Brosnaich agus thoir taic do chleachdadh na Gàidhlig mar dhòigh gus eòlas an luchd-tadhail a dhèanamh nas beartiche, cultar àraid na Gàidhealtachd a neartachadh, agus togail air cho cudromach 's a tha i san fharsaingeachd a thaobh foghlam, ealain, agus nithean sòisealta is eaconamach dhan roinn."

Thèid an dreachd ro-innleachd a chur air bhog airson co-chomhairleachadh ann am meadhan a' Chèitein agus thèid cunntas air dreachd dheireannach a thoirt chun na Comataidh as t-fhoghar.

Ainmeachadh:

Ceann-latha: 8 Cèitean 2024

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell (Oifigear Leasachaidh Gàidhlig), Eoina Rodgers (Oifigear Poileasaidh Gàidhlig) agus Dùghlas Siosalach (Ceannard Sgioba Turasachd agus Tasgadh A-steach)

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

Eàrr-ràdhan: